

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

4. Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Prìomh fhiosrachadh:

- Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig stèidhichte air prionnsabalan-bogaidh leis a' chloinn a' faighinn nam buannachdan air fad a tha an lùib dà-chànanas.
- Canar 'làn-bhogadh' ris an ìre thràth de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, far nach eil cànan sam bith eile air a chleachdadh. Tha seo air a leantainn le 'ìre-bogaidh' suas gu, agus a' gabhail a-steach, an ìre as sine.
- Feumaidh clann is daoine òga a bhith misneachail chun na h-aon ìre ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig 's na Beurla agus a bhith comasach an dà chànan a chleachdadh ann an làn-raon de shuidheachaidhean taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile.
- Tha an aon bhunait, stèidhichte air prionnsabalan-bogaidh, aig gach solair Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, ge bith an e solair Gàidhlig leis fhèin a th' ann ris an canar sgoiltean Gàidhlig no sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig, no nuair a tha e air a libhrigeadh ri taobh foghlam tro mheadhan na Beurla.

4.1 Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, stèidhichte air prionnsabalan-bogaidh 's air an fhileantachd a thig na chois, air aithneachadh mar an dòigh as fheàrr air a bhith a' toirt gu buil àm ri teachd a tha seasmhach airson na Gàidhlig. Tha clann a th' ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' faighinn uile bhuannachdan dà-chànanais dhaibh fhèin. Do chuid, tha am fileantachd sa Ghàidhlig a' tòiseachadh san dachaigh le cloinn a' faighinn buannachd bho bhith a' cluinntinn is a' cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha an teaghlach 's an togail. A thaobh cuid eile, tha iad gu mòr an urra ri suidheachaidhean-ionnsachaidh a bhith air an cruthachadh dhaibh gus am fileantachd a leasachadh. Dh'fhaodadh gur ann a thigeadh seo le bhith a' frithealadh solair cluiche 0-3, mar eisimpleir. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' tòiseachadh ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachadh is cùram chloinne is a' leantainn air adhart tron bhun-sgoil 's tron àrd-sgoil. Tha ionnsachadh den t-seòrsa seo ri fhaotainn don chloinn agus do na daoine òga air fad ann an 14 de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha aontaidhean com-pàirteachais ann cuideachd eadar ùghdarrasan a tha san nàbachas a tha a' meudachadh cothrom air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Chan fheum an luchd-ionnsachaidh a bhith bho dhachaighean far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn. Tha iad a' tòiseachadh ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha e nas fheàrr ma thòisicheas iad ann an suidheachadh tràth-ionnsachaidh no cùram chloinne no ann am P1. Tha cothroman aig clann is aig daoine òga cuideachd a bhith a' cleachdadh 's a' leasachadh an sgilean cànan ann an raon de cho-theacsaichean taobh a-muigh ionnsachadh na sgoile, agus a bhith a' leantainn orra a' cur rin ionnsachadh 's a' faighinn aithne le duaisean is teisteanasan.

4.2 Tha aithisg an HMI *Foghlam Gàidhlig: A' togail air na nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean (2011)* a' cur an cèill dà bhuil airson **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 3-18**. Is iad sin gu bheil clann is daoine òga:

- a' faireachdainn a' cheart cho misneachail an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla; agus
- comasach an dà chuid air Gàidhlig agus Beurla a chleachdadh ann an làn raon de shuidheachaidhean taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile.

4.3 Mar a bhios clann agus daoine òga ag obair a dh'ionnsaigh nam builean sin, tha feum aca air aithne fhaighinn a thaobh an adhartais 's an coileanadh tro:

- bhith a' cleachdadh measadh gu cunbhalach;
- thidsearan a bhith a' sgrùdadh 's a' tracadh adhartas is coileanadh; agus
- chreideasachadh leithid dhuaisean is theisteanasan a tha a' gabhail a-steach gach taobh den churraicealam.

4.4 Mar as trice, **chan i a' Ghàidhlig a' chiad chànan a th' aig a' mhòr chuid de chlann a tha a-nis a' dol a-steach gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.** Mar thoradh air sin, tha e gu mòr an urra ri luchd-obrach ann an sgoiltean 's ann an suidheachaidhean eile a bhith a' leasachadh fileantachd an luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig. Ach, chan urrainn dhaibh seo a dhèanamh leotha fhèin. Sa chleachdadh as fheàrr, bidh iad a' faighinn taic bho fhileantaich, bho sgoiltean eile, bho cholaistean, bho ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, bho theaghlaicean is bhuidhnean Gàidhlig. Tha seo a' cur Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na uallach air a h-uile duine, agus ag aithneachadh nach ann san t-seòmar-sgoile a-mhàin a tha ionnsachadh a' gabhail àite. Ach, tha clann is daoine òga a' cur seachad tòrr dhen ùine aca ag ionnsachadh ann an sgoiltean. Rè na h-ama seo, tha còir aca air a bhith a' faighinn fèin-fhiosrachaidhean de dh'àrd-chàileachd mar phàirt de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Aig teis mheadhan an fhèin-fhiosrachaidh seo tha gu bheil ionnsachadh na cloinne is nan daoine òga a th' ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig stèidhichte air **prionnsabalan-bogaidh cànan.**

4.5 Canar '**làn-bhogadh**' ris an ìre thràth de dh'ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig far nach eil cànan sam bith eile air a cleachdadh. Tha làn-bhogadh air a leasachadh taobh a-staigh co-theacsa Achd na Cloinne agus nan Daoine Òga (Alba) 2014 far a bheil bogadh air a thoirt air adhart taobh a-staigh àrainn a tha cùramach is àrachail. Is e an t-aon uair nach bithear a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin, far am bithear a' toirt cofhurtachd do leanabh a tha troimhe-chèile agus ann an suidheachadh èiginn no airson a bhith a' mìneachadh chùisean co-cheangailte ri slàinte, sàbhailteachd is sunnd. Do chuid de chlann, tha an t-ionnsachadh aca ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig làimh ri làimh ris an t-solar airson meadhan na Beurla. Do chuid eile is e an co-theacsa: suidheachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig airson tràth-ionnsachadh is cùram chloinne no sgoil fa leth. Sa chiad shuidheachadh tha làn-bhogadh nas dùbhланаich a choileanadh taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile, ged nach bu chòir do sgoiltean seachnadh a bhith ag amas air seo a dhèanamh. Thathar a' cur ri ionnsachadh san t-seòmar-sgoile sa bheil làn-bhogadh le cothroman a bhith a' cluinntinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsaichean taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile.

4.6 Is e an ath ìre de dh'ionnsachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an '**ìre-bogaidh**'. San ìre seo, thathar a' leantainn air adhart a' teagasg a' churraicealaim air fad tro mheadhan na Gàidhlig thar nan ceithir taobhan de dh'ionnsachadh mar a tha sin air a mhìneachadh ann an *Togail a' Churraicealam 3*. Bu chòir do sgrùdadh is tracadh nan tidsear air adhartas agus coileanadh daingneachadh gu bheil stèidh thèarainte aig a' chloinn a thaobh na Gàidhlig agus gum faod iad a dhol air adhart gu bhith a' leasachadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sa Bheurla. Tha a' Bheurla air a teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an ìre-bogaidh a' tòiseachadh ann an P3/P4, mar a chithear bho fhianais nan tidsear a thaobh sgrùdadh is tracadh air adhartas is coileanadh, agus a' leantainn air adhart chun na h-àrd-sgoile. Rè na h-ìre-bogaidh, bidh amannan ann nuair a bhios a' chlann agus na daoine òga a' tilleadh gu fèin-fhiosrachadh air làn-bhogadh. Bidh seo gus dèiligeadh ri bhith a' call misneachd a thaobh fileantachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlán, leud is doimhneachd san ionnsachadh.

4.7 Feumaidh e a bhith an comas dha na sgoiltean sin do nach eil e comasach a bhith a' leantainn gu h-iomlan ris na modhan-obrach sin a thaobh bogaidh mar phàirt de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, mar thoradh air dìth luchd-obrach mar eisimpleir, sealltainn gu bheil iad ag obrachadh a dh'ionnsaigh a bhith ga chur an cèill. Tha làn-bhogadh a' leantainn air adhart gu làn-fhileantachd. Tha **modalan eile ag adhbharachadh lagachadh ann am fileantachd** agus mar sin chan eil iad co-chòrdail ri bhith a' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha làidir is seasmhach. Canaidh cuid de sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail "an ìre dà-chànanach" ris an ìre às dèidh làn-bhogadh agus bidh iad a' leigeil leis a' Bheurla cus smachd a bhith aice sa phròiseas ionnsachaidh. Mar thoradh air seo cha bhì clann cho fileanta is a dh'fhaodadh iad a bhith. Feumaidh tuigse shoilleir a bhith ann gur e buil de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a th' ann an dà-chànanas 's nach e dìreach modh-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a th' ann. Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin mar phàirt de bhogadh a' cuideachadh a thaobh a bhith a' coileanadh buannachdan dà-chànanais. Feumar a bhith a' cumail nam buannachdan sin agus nam builean a thathar a' sùileachadh aig fìor thoiseach na cùise nuair a thathar ag adhartachadh is a' deasbaireachd mu leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha beagan sgoiltean a' bruidhinn mun mhodh-obrach aca mar phàirt-bhogadh. Tha corpas de dh'fhianais ann bho sgrùdadh a tha susbainteach agus dearbhte nach eil pàirt-bhogadh èifeachdach ann a bhith a' leasachadh fileantachd.

4.8 Faodaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith air a lìbhrigeadh tro sholair a tha a' seasamh leis fhèin, ris an canar **sgoiltean Gàidhlig no sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig**. Ann an suidheachaidhean eile, bidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a libhrigeadh **ri taobh solair tro mheadhan na Beurla fo cheannardas an t-aon cheannard-sgoile**. Ann an cuid de na sgoiltean sin, tha a' mhòr chuid den chloinn ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig seach tro mheadhan na Beurla. An dèidh comhairle a chur ri pàrantan, tha na sgoiltean sin air an comharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig a chumas an t-solair Beurla cho fada 's a tha feum air. Tha a' chomhairle san sgrìobhainn seo mu sgoiltean Gàidhlig no sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig cuideachd a' buntainn ris na sgoiltean sin a th' air an comharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig ged a tha iad a' tabhann foghlam tro mheadhan na Beurla cuideachd.

4.9 Tha prionnsabalan-bogaidh mar bhunait aig a h-uile seòrsa solair de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bithear a' strì gus a bhith a' fastadh luchd-obrach de dh'àrd-chàileachd agus luchd-labhairt Gàidhlig airson an làn raon de dhreuchdan taobh a-staigh na sgoile. Tha a leithid sin de luchd-obrach riatanach ma tha clann is daoine òga a' dol a leasachadh fileantachd de dh'àrd-chàileachd ann an Gàidhlig. Tha àite cudromach cuideachd aig luchd-obrach nach eil a' teagasg ann an sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig agus tha na tha iadsan a' cur ri fileantachd cànan na cloinne cuideachd luachmhor. Tha e na dhùbhlàn mòr a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ìrean iomchaidh de luchd-obrach comasach a' Ghàidhlig a bhruidhinn gu h-àraidh aig ìrean àrd-sgoile agus ann an àrd-dhreuchdan. Far a bheil ionnsachadh GME taobh ri taobh ris an t-solair a th' ann tro mheadhan na Beurla, tha e na dhùbhlàn nas motha a bhith a' tabhann làn-bhogadh taobh a-muigh an t-seòmar-sgoile. Ach, cha bu chòir dha bacadh a chur air sgoiltean a thaobh a bhith a' strì airson seo. A rèir a' chleachdaidh as fheàrr, tha cothrom aig clann san t-solair tro mheadhan na Beurla a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig a' cleachdadh Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) sa Churraicealam airson Sàr-mhathais mar an ciad no an dàrna cànan a bharrachd. Tha an cothrom aca cuideachd a bhith a' leasachadh an tuigse 's an t-eòlas a th' aca air cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt de dhearbhadh aithne na h-Alba. Tha a leithid de mhodh-obrach a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig leis a' chloinn air fad a' ciallachadh gum faod a' Ghàidhlig a bhith air a

cleachdadh agus air a fighe a-steach thar na sgoile leis an luchd-obrach 's leis a' chloinn. Tha seo a' toirt brìgh do dh'ionnsachadh na Gàidhlig agus a' toirt taic ann a bhith a' cruthachadh feallsanachd a tha stèidhichte air a' Ghàidhlig.

4.10 Ann an cuid de shuidheachaidhean, gu h-àraidh ann an ceàrnaidhean dùthchail de dh'Alba, tha clann a' faighinn buannachd bho bhith **ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an ionadan tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne**. Tha feadhainn eile a' faighinn cothrom air a' Ghàidhlig nan dachaighean, no sa choimhearsnachd aca. San t-suidheachadh as fheàrr, bithear a' gabhail sùim de ro-ionnsachadh na cloinne nuair a bhios iad a' gluasad air adhart gu ìrean na bun-sgoile, ge bith an ann gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig no gu Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thèid iad gus an lean iad orra a' dèanamh adhartais a thaobh fileantachd.

4.11 Tron Chomhairle a tha seo mu Fhoghlam Gàidhlig feumaidh gach iomradh mu bhith a' planadh feumalachdan-ionnsachaidh chloinne is dhaoine òga gabhail a-steach a bhith a' coinneachadh ri feuman bhuidhnean de luchd-ionnsachaidh tron churraicealam 3-18. Mar a bhios clann a' dol an sàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig dh'fhaodadh gum biodh cuid de chlann air tòiseachadh a' togail **fileantachd san dachaigh agus gum biodh e comasach dhaibh bruidhinn sa chànan**. Bu chòir do dh'ionnsachadh san t-seòmar-cluiche agus san t-seòmar-sgoile a-nis cur ris an fhileantachd aca le bhith a' leudachadh a' chleachdaidh aca de Ghàidhlig gu co-theacsaichean nas fharsaing, mar eisimpleir, feadhainn co-cheangailte ris an sgoil. Feumaidh a' chlann sin fhathast a bhith air an làn-bhogadh sa chànan ach bidh e comasach dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh nas luaithe thar raointean is cho-theacsaichean den churraicealam na bhios e dhan fheadhainn a tha dìreach a' tòiseachadh air a' chànan ionnsachadh. Bidh e an comas dhaibh cuideachd tòiseachadh a' leasachadh sgilean nas luaithe ann an leughadh is sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Is e seo cuideachd ìre ann an ionnsachadh far am bi e comasach don fheadhainn a bhios a' tòiseachadh air an ìre thràth den Churraicealam airson Sàr-mhathais le beagan fileantachd, ma dh'fheumas iad, an comas ann am bruidhinn na Gàidhlig a thoirt air adhart is doimhneachd a chur rin ionnsachadh le bhith a' cluinntinn Gàidhlig a tha nàdarach agus làn de ghnàthasan-cainnt. Bu chòir fèin-fhiosrachaidhean is builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a bhith cleachdte gus ionnsachadh a bhios aig ìre dùbhlain iomchaidh a phlanadh.

4.12 Bu chòir do chlann a th' ann an seòmar-cluiche is ann an seòmar-sgoile Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig cuideachd a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, airson beatha 's airson obair nuair a tha iad ann an làn-bhogadh. Bu chòir do chlann a tha air beagan fileantachd a thogail nan dachaigh cothroman cuideachd a bhith aca sgilean mar seo a leasachadh. Bu chòir do dh'obair a tha air a chur romhpa, mar eisimpleir, **brosnachadh neo-eisimeileachd agus a bhith a' gabhail barrachd uallach a thaobh an ionnsachadh**. Ach, le bhith a' cleachdadh na buidhne seo de luchd-ionnsachaidh ro thrì mar 'thidsearan' do chlann eile, dh'fhaodadh seo leantainn air adhart gu ionnsachadh anns nach eil mòran de dhùbhlain. Ann an cuid de chùisean, stèidhichte air sgrùdadh is tracadh thidsearan a thaobh adhartas is coileanadh, dh'fhaodadh am buidheann seo de luchd-ionnsachaidh a bhith a' dol còmhla ris an fheadhainn a th' aig an ìre-bogaidh airson pàirt dhen ionnsachadh aca. Tha cuid de phàrantan a' comharrachadh dealas a tha airidh air a mholadh leis an taic a tha iad a' toirt a thaobh fileantachd an cloinne sa Ghàidhlig. Feumaidh sgoiltean luach a chur san dealas seo le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iadsan cuideachd a' leasachadh sgilean na cloinne sa Ghàidhlig ann an dòigh adhartach.

